

Toll-tòine/Anus: 'S e seo am fosgladh aig fìor dheireadh an t-siostam cnàmhaidh, 's ann troimhe a bhios an salachar a' tighinn a-mach.

(M)

Aotroman: 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachadh agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn.

(M)

Ro-chraiceann: Is e seo an craiceann a tha a' còmhdach bàrr a' bhuid. Ma thàthar ga thoirt air falbh (air sgàth 's gu bheil e ro theann no airson adhbharan creideimh) 's e timcheall-ghearradh a chanar ris an seo.

(M)

Bod: 'S e seo ball feise an fhireannaich. Tha e air a chleachdadh airson a dhol dhan taigh-bheag/mùn agus airson sìolachadh.

(M)

Fàireag prostàta: 'S e so an fhàireag bheag a tha a' suidhe dìreach fo aotroman fireannaich. 'S ann ann a tha a' mhòr chuid dhen lionn ann an sìol-gin (na bhios a' tighinn a-mach nuair a tha

(M)

Clach-bhalg: 'S e seo am poca craicinn a tha a' cumail nam magairlean aig fireannach.

M

Bheasaiceil siolach: Bidh na fàireagan seo a' dèanamh cuid dhen lionn a th' ann an sìol-gin.

M

Pìob sìl: 'S e seo a' phìob fhada trom bi sìol a' snamh, tha e cuideachd a' cuideachd le bhith a' toirt an DNA do shìol a dh'fheumas e airson maireachdainn beò.

M

Magairlean: 'S iad so na buill-ghineamhainn aig fireannaich a bhios a' dèanamh sìol.

M

Fual-fheadain/Urethra: 'S e seo a' phìob a tha a' ceangal d'aotroman agus do bhod airson 's gun urrainn dhut mùn. Tha e cuideachd a' tarraing sìol nuair a bhios fireannach a' sìolachadh.

M

Toll-tòine/Anus: 'S e seo am fosgladh aig deireadh an t-siostam cnàmhaidh, 's ann troimhe a bhios an salachar a' tighinn a-mach.

Aotroman: 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachadh agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn.

Muineal na machlaig/Cervix: 'S e Muineal na machlaig a' phàirt ìosal dhen mhachlaig, mar as trice tha e mu 2-3cm a dh'fhaid le cumadh coltach ri siolandair, bidh seo ag atharrachadh

Brillean/Clitoris: 'S e seo ball feise boireannaich. Tha e cudromach airson tlachd bhoireannach rè feise.

Pìob-uighe: Dà phìob trom bi uighean a' dol bho na h-ughagan chun na machlaig.

Liopan-clòimheach/Labia: Na liopan craicinn a tha nam pàirt dhen phit.

Ughlann: 'S ann an seo a tha ceallan nan uighean air an dhèanamh. Bidh na h-uighean a' gluasad dhan mhachlaig, far am faodar an torrachadh le sìol.

F

Cnàimh pubic: 'S e pàirt dhen pheilbhis a tha seo.

F

Fosglan a' chaolain/Rectum: 'S e seo ceann an t-siostam cnàmhaidh, 's ann ann a bhios an salachar ga chumail mus tig e a-mach.

F

Cnàimh an droma: 'S e seo na cnàmhan a tha nad dhruim.

F

Fual-fheadain/Urethra: 'S e seo a' phìob a bhios a' tarraing mùn bhon aotroman.

F

Machlag/Uterus: 'S ann an seo a bhios foetus a' fàs rè leatromachd.

F

Faighean: Pàirt de bhuill gineamhainn boireannaich, tha e a' ruith bhon phit gu muineal na machlaig.

F

Pit: 'S e seo am ball feise a-muigh a chithear air boireannach.

F